STORYWORLDS

# Rani, An Gille Gòrach



Air ath-innse le Diana Bentley • Dealbhan Aileen Caffrey



'S e gille beag a bh' ann an Rani.

A h-uile là bha Rani a' coimhead às dèidh nan gobhar.

Bha madadh-allaidh airson an ithe.

Aon là chluich e cleas air athair agus a mhàthair.

Thuirt e riutha gu robh madadh-allaidh a' tighinn.



“Haoi! Cuidich mi!” thuirt Rani.
“Tha madadh-allaidh a’ tighinn.”



"Càite bheil am madadh-allaidh?" thuirt athair.
"Càite bheil am madadh-allaidh?" thuirt a mhàthair.



"Ha! Ha! Ha!" thuirt Rani.
"Chan eil e idir ann."





“Haoi! Cuidich mi!” thuirt Rani.
“Tha madadh-allaidh a’ tighinn.”



“Càite bheil am madadh-allaidh?”
thuirt athair.
“Càite bheil am madadh-allaidh?”
thuirt a mhàthair.



“Ha! Ha! Ha!” thuirt Rani.
“Chan eil e idir ann.”





“Haoi! Haoi! Cuidich mi!”
thuirt Rani.
“Tha madadh-allaidh mòr
air tighinn.”



"O, chan eil,"
thuirt athair.
"O, chan eil,"
thuirt a mhàthair.



"Ged-tà, tha," thuirt Rani.
"Tha madadh-allaidh mòr ann,
ach chan eil na gobhair ann."